

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Roddy Maclean's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM).

*The programme is broadcast at 11.50 every Friday morning and repeated at 7.30 pm the following Monday.**

Tha e iongantach na th'ann de dh'ainmean, ann an Gàidhlig, airson corragan-làimhe agus corragan-coise. Tha mi'n dòchas gu bheil sibh a' tuigsinn gu bheil mi a' ciallachadh *fingers* agus *toes*. 'S dòcha, gu ruige seo, gu bheil sibh air *corrag* a chluinntinn airson *finger* agus *òrdag* airson *toe* ach chan eil e cho sìmplidh sin.

Faodaidh corrag a bhith a' ciallachadh tè dhen mheòir-làimhe neo tè dhen mheòir-coise. Tuigidh sibh gu bheil *meur* cuideachd a' ciallachadh *finger* neo *toe*. Ach chan ionann e do na meòir reamhar aig taobh do làimhe neo aig taobh do choise. 'S e am facal a th'againn airson sin – *òrdag*. Tha *òrdag* a' ciallachadh *thumb* neo *big toe*. *Ordag-làimhe* neo *òrdag-coise*.

'S dòcha gur e an rud as inntinnich' a th'ann mu dheidhinn nan ainmean a th'againn airson òrdagan is corragan ann an Gàidhlig – na diofar ainmean a th'air na corragan-làimhe. Seallamaid orra. Tòisicheamaid leis an òrdaig. An ath chorrage, a *first finger* mar a theirear ann am Beurla, 's e sin an *sgealbag* neo *sgolbag* neo *sgolabag* neo *sgolagag* neo *calagag*! Tha fhios gu bheil ainmean eile ann air a son cuideachd.

Tha an dearbh rud fìor mu dheidhinn nan corrag eile. Tha tòrr ainmean ann air gach tè nuair a choimheadas tu air feadh Gàidhealtachd na h-Alba. A' chorrage mhòr anns a' mheadhan, mar eisimpleir. 'S e sin *meur a' mheadhain* neo *fionna-fad* neo, mar a dh'ionnsaicheas pàistean ann an cròileagain i an latha an-diugh, *Fionnladh Fada* neo *Màiri Fhada*. Agus tha i fada, nach eil, nas fhaide na na corragan eile.

A' gluasad don ath chorrage – am meur air am bi cuid a' cur fàinne - 's e sin *mac-an-aba*. Ach chan eil càil a dh'fhios agam carson is e mac-an-aba a th'oirre. Ann an cuid de dh'àiteachan 's e *màthair na lùdaig* a th'oirre oir 's e an *lùdag* neo *lùdan* a chanas sinn ris a' chorrage mu dheireadh, an tè as lugha. An *lùdag* bheag.

Nise, an e pàrant a th'annaibh? A bheil ur clann òg is a bheil Gàidhlig aca? Tha mi'n dòchas gu bheil! Uill, seo agaibh rann a bhios feumail dhuibh, tha mi'n dùil, agus a chòrdas ris a' chloinn. Bidh sibh a' tòiseachadh leis an òrdaig agus a' dol a dh'ionnsaigh na lùdaig, a' togail gach corraig ann an òrdugh agus a' cantainn na rainn aig an aon àm.

Seo mar a tha e a' dol: Seo an tè a leig an sabhal, seo an tè a ghoid na sìl, seo an tè a sheas ag amharc, seo an tè a ruith air falbh, is seo an tè bheag a b' fheudar dhi a phàigheadh air fad.

Canaidh mi a-rithist e: Seo an tè a leig an sabhal, seo an tè a ghoid na sìl, seo an tè a sheas ag amharc, seo an tè a ruith air falbh, is seo an tè bheag a b'fheudar dhi a phàigheadh air fad.

Tha e math na rannan cloinne sin a chumail a dol, nach eil? Ach bu mhath leam ur fàgail an t-seachdain-sa le bhith a' tilleadh don fhacal "meur". Tuigidh sibh gu bheil e a' ciallachadh corrag ach tha ciall neo dhà eile aige cuideachd agus bidh sibh eòlach air tè dhiubh sin ma tha sibh nur ball dhen Chomunn Gàidhealach. Tha an Comunn air a dheanamh suas le diofar mheòir, neo *branches*, ann an diofar sgìrean. Chì sibh meòir cuideachd air craobhan, leis gu bheil e a' ciallachadh *branches* anns an t-seadh sin cuideachd.

Ach tha facal eile ann airson meur-craoibhe, agus bheir sinn sùil air a sin, agus air rann shnog eile do chloinn an ath sheachdain.

* * *

Faclan na seachdaine: meur: *finger, toe, branch*; meòir: *fingers, toes, branches*; reamhar: *fat, thick*; seallamaid: *let us look*; tòisicheamaid: *let us start*; fàinne: *ring (for finger)*; a' tilleadh: *returning*; rannan cloinne: *children's (nursery) rhymes*.

Abairtean na seachdaine: tha e iongantach na th'ann de dh'ainmean: *it is surprising how many names there are*; na diofar ainmean: *the different (varied) names*; mar a theirear ann am Beurla: *as is said in English*; tha an dearbh rud fìor: *the same thing is true*; tha tòrr ainmean ann air gach tè nuair a choimheadas tu air feadh Gàidhealtachd na h-Alba: *each one (fem) has many names when you look throughout the Scottish Gàidhealtachd*; an e pàrant a th'annuibh?: *are you a parent?*; seo rann a bhios feumail dhuibh... agus a chòrdas ris a' chloinn: *here is a verse (nursery rhyme) which will be useful for you... and which the children will enjoy*; a' cantainn na rainn: *saying the verse*; seo an tè a leig an sabhal: *this is the one that demolished the barn*; seo an tè a ghoid na sìl: *this is the one that stole the seed*; seo an tè a sheas ag amharc: *this is the one that stood and watched*; seo an tè a ruith air falbh: *this is the one that ran away*; seo an tè bheag a b'fheudar dhi a phàigheadh air fad: *this is the little one that had to pay for it all*; bidh sibh eòlach air tè dhiubh sin: *you will know one of them*; ma tha sibh nur ball de: *if you are a member of*; anns an t-seadh sin: *in that way*.

Puing ghràmair na seachdaine: *Do you notice how òrdag, corrag and lùdag often ended up, in the Litir, with –aig endings? This slenderisation happens in both the dative singular and genitive singular cases. The dative (the case used with simple prepositions) changes in this manner because all three words are feminine (a common feature of words which end in –ag). For example, a' gluasad don ath chorraig (moving to the next finger); a chanas sinn ris a' chorraig mu dheireadh (which we call the last finger); bidh sinn a' tòiseachadh leis an òrdaig (we will start with the thumb). The genitive occurs in the following examples: màthair na lùdaig (lit. the mother of the little finger); a dh'ionnsaigh na lùdaig (towards the little finger; the genitive follows a compound preposition); a' togail gach corraig (lifting each finger; the genitive follows a verbal noun). How would you say in Gaelic "the end of my thumb"?*

Gnàths-cainnt na seachdaine: chan ionann e do na mèir reamhar: *it is not the same for the fat digits. Ionann means equal, alike, similar and often appears with the copula, Is eg Is ionann iad (they are the same); chan ionann iad (they are not the same). You will already be familiar with it in the form co-ionann. Tha iad co-ionann (they are the same). And you may have seen adverts which include the word co-ionannachd (equality).*

* *“Litir do Luchd-Ionnsachaidh” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig*